



## Ceistean

Thoir sùil air paragraf 1.

*“sanntach”*

**1. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ris an fhacal seo.**

Thoir sùil air paragraf 2.

*“gur daor a cheannaich mi an rud a fhuair mi an-asgaidh”*

**2. Nad fhaclan fhèin, inns dè tha an gnàthas-cainnt seo a’ ciallachadh.**

Thoir sùil air paragraf 3.

*“impis”*

**3. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ris an seo.**

*“S e villa èireachdail a th’ ann”*

**4. Dè a’ bhuaidh a th’ aige gu bheil an sgrìobhadair a’ cleachdadh an fhacail ‘villa’ an seo?**

Thoir sùil air paragraf 7.

*“tumadh”*

**5. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ris an seo.**

Thoir sùil air paragraf 8.

*“eangarra”*

**6. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ris an seo.**

Thoir sùil air paragraf 11.

**7. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh aig toiseach a’ pharagraf seo?**

**(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig an innleachd sgrìobhaidh seo?**

Thoir sùil air paragraf 14.

*“Bha fhios a’ m gun tachd an gionach na coin”*

**8. Mìnich na tha thu a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo.**

Thoir sùil air paragraf 20.

*“Thug e mo char asamsa”*

**9. Mìnich na tha thu a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo.**

*“Ghoideadh am fear ud a’ bhoiteag bhon chirc dhall”*

**10. Mìnich na tha thu a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo.**

Thoir sùil air paragraf 30.

“Chan e boireannach sanntach a th’ annam”

**11. Tha e inntinneach gu bheil an sgeulachd a’ tòiseachadh agus a’ crìochnachadh leis na faclan seo. Tron sgeulachd, tha e a’ tighinn am follais gur e boireannach sanntach a th’ innte.**

**Tagh dà abairt bhon sgeulachd agus mìnich mar a tha iad a’ dearbhadh gun robh am boireannach seo dha-rìribh sanntach.**